

B' FHEÀRR LEAM FHÌN GUM BEIREADH AN T' EILE

[trad.arr. Dàimh]

B' fheàrr leam fhìn gum beireadh an t' eile
'n tè eile dhe na h-eireagan
B' fheàrr leam fhìn gum beireadh an t' eile
Dh' eireagan Shlèit a-màireach x2

Gheibheadh tu fhèin a' ghaoil an t-ugh
Gheibheadh tu fhèin a' ghràidh an t-ugh
Gheibheadh tu fhèin a' ghaoil an t-ugh
Nam beireadh na h-eireagan bàna x2

SEALLAIBH CURRAIGH EÒGHAINN

[trad.arr. Dàimh]

Seallaibh curaigh Eoghainn 's coig ramh fichead oirre
Seallaibh curaigh Eoghainn 's i seachad air a Rudha Bhàn x2

Bidh Eoghainn, bidh Eoghainn, bidh Eoghainn na sgiobair oirre
Bidh Eoghainn, bidh Eoghainn 's i seachad air a Rudha Bhàn x2

'S TRUSAIDH MI NA COILLEAGAN

[trad.arr. Dàimh]

I dal a du vil
I dal a du ho ro
I dal a du vil
'S trusaidh mi na coilleagan x2

Ròic aig an fhaoileig
Shios anns na sgeirin ud
Ròic aig an fhaoileig
'S trusaidh mi na coilleagan x2

Gàir aig an fhairge
shuas anns na speuran àrd
Gàir aig an fhairge
'S trusaidh mi na coilleagan x2